

Beag-fhaclair

a' toirt mathanas	forgiving
A' sgur de bhith a' faireachdainn feargach no searbh mu dhuine agus a' dèiligeadh riutha mar nach do thachair an duilgheadas riamh.	Stopping feeling anger and resentment towards someone and trying to treat them as if the problem had not happened.
adhradh	worship
1. A' toirt spèis agus glòir do Dhia. 2. Na deas-ghnàthan a nì coimhearsnachd creideimh.	1. To respect and adore God. 2. The ceremonies performed by a faith community.
àile	atmosphere
Na gasaichean a tha a' cuartachadh planaid.	The gases that surround a planet.
Allah	Allah
An t-ainm Islamach airson Dia. 'S e facal Arabais a th' ann, chan eil iolra air agus chan eil ceangal aige ri feartan fireann, boireann no neodrach.	The Islamic name for God. It is an Arabic word, with no plural form and not associated with male, female or neuter characteristics.
àm aslachaidh	rogation
Lathaichean sa mhìosachan Chrìosdail nuair a bhios daoine ag iarraidh beannachd Dhè air bàrr a chaidh a chur.	Some days in the Christian calendar when God's blessing is asked on the crops being sown.
Am Bìoball	Bible
Teacsa naomh nan Crìosdaidhean. Tha 39 leabhraichean san t-Seann Tiomnadh ag innse na h-eachdraidh mus do rugadh Crìosd, agus tha 27 san Tiomnadh Nuadh ag innse na h-eachdraidh às dèidh a bhreith.	The sacred text of Christians. It has 39 books in the Old Testament, telling the story before Jesus was born, and 27 books in the New Testament, which tell the story after this.

An Tiomnadh Nuadh	New Testament
Cruinneachadh de 27 leabhar mu bheatha agus mu theagasg Chrìosda agus tùs na h-Eaglais. 'S iad na leabhraichean seo an dara pàirt dhen Bhìoball Chrìosdail.	A collection of 27 books that refer to the life and teaching of Jesus and the beginnings of the Church. These books form the second section of the Christian Bible.
an treubh-dhaonna	humankind
A h-uile duine.	All human beings.
Arabais	Arabic
Seann chànan a tha daoine a' bruidhinn air feadh an Ear Mheadhanaich agus Afraga a Tuath. Tha Muslamaich a' creidsinn gun do thaisbean Allah an Qur'an dhan Fhàidh Muhammad ann an Arabais.	An ancient language spoken throughout the Middle East and North Africa. Muslims believe that Allah revealed the Qur'an to the Prophet Muhammad in Arabic.
ath-nuadhachail	renewable
Air chomas ùrachadh. 'S e lùth ath-nuadhachail a th' ann an lùth grèine, lùth gaoithe agus lùth thonnan. Cha teirig iad agus cha dèan iad truailleadh.	Possible to renew. The Sun, wind energy and wave energy are all renewable sources of energy. They won't run out and also do not cause pollution.
atharrachadh gnàth-shìde	climate change
Atharrachadh ann am pàtrain side an t-saoghail. Tha luchd-saidheans dhen bheachd gu bheil seo a' tachairt air sgàth truailidh.	Change in the world's weather patterns. Scientists think this is happening because of pollution.
Bar Mitzvah	Bar Mitzvah
Nuair a bhios balach Iùdhach a' tighinn gu aois aig 13, 's àbhaist gun tèid sin a chomharrachadh le seirbheis san t-sionagog agus còmhla ri theaghlach. Tha na faclan a' ciallachadh 'Mac na h-Àithne'.	A Jewish boy's coming of age at 13 years old, usually marked by a synagogue ceremony and family celebration. The words mean 'Son of Commandment'.
beachd-smuaineachadh	reflection
A' smaoineachadh air rudeigin ann an dòigh chiùin airson greis.	Thinking about something calmly for a while.

Bhagavad Gita	Bhagavad Gita
Seo an sgrìobhadh naomh as cudromaiche dhan mhòr-chuid de Hindùthaich. Tha an tiotal a' ciallachadh 'Òran an Tighearna' agus tha còmhradh ann eadar Krishna agus Arjuna. Tha e na gheàrr-chunntas air a' chreideamh Hindùthach.	This is the most important sacred writing for most Hindus. Its title means 'Song of the Lord' and it includes a conversation between Krishna and Arjuna. It is a summary of Hindu beliefs.
blàthachadh na cruinne	global warming
Uachdar agus àile na Talmhainn a' blàthachadh mean air mhean, air sgàth buaidh an taigh-ghlainne. Tha blàthachadh na cruinne a' toirt air teòthachd na mara èirigh agus tha an aimsir ag atharrachadh air feadh an t-saoghail.	The gradual warming of the Earth's surface and atmosphere, as a result of the greenhouse effect. Global warming causes rises in sea temperature and weather changes around the world.
buain	reap
A' gearradh agus a' cruinneachadh bàrr mar arbhar. Cleachdar am facal cuideachd a' ciallachadh rudeigin a choisinneas tu (math no dona) air sgàth na rinn thu roimhe.	To cut and gather a crop such as corn. The word is also used for the idea that you gain something (good or bad) from what you did earlier.
CAFOD	CAFOD
Buidheann carthannais Crìosdail a tha ag obair còmhla ri daoine bochda air feadh an t-saoghail. Tha na litrichean a' seasamh airson Catholic Agency For Overseas Development.	A Christian charity which works with poor people around the world. The letters stand for Catholic Agency For Overseas Development.
Christian Aid	Christian Aid
Buidheann carthannais Crìosdail a tha ag amas air strì an aghaidh bochdainn air feadh an t-saoghail.	A Christian charity which aims to fight poverty all over the world.
co-fhaireachdainn	empathy
An comas faireachdainnean dhaoine eile a thuigsinn.	The ability to understand and share the feelings of others.

coimhearsnachd	community
Buidheann a' fuireach ann an sgìre àraidh no buidhnean leis an aon eachdraidh.	A group living in a particular area or a group sharing the same background.
coimhearsnachdan	communities
Buidhnean a' fuireach ann an sgìre àraidh no buidhnean leis an aon eachdraidh.	Groups living in a particular area or groups sharing the same background.
comharrachadh	celebration
Tachartas ga chumail gus luach no meas a chur air rudeigin.	An event to mark the appreciation of something.
cosamhlachd	parable
Stòiridh, gu h-àraidh sa Bhìoball, airson leasan creideimh no moralta ionnsachadh do dhaoine.	A story, especially in the Bible, that is told in order to teach people a moral or religious lesson.
cruthachadh	creation
Rudeigin ùr a chaidh a dhèanamh, no a' ghnìomh nuair a tha thu a' dèanamh nì.	Something new that has been made, or the action of making something.
daonnachd	humanity
An cinne-daonna; a h-uile duine.	The human race; all human beings.
dhoti	dhoti
Aodach Hindùthach a bhios air fireannaich. Tha e air a dhèanamh de shnàithleach nàdarra (mar as trice cotan no sìoda) agus bidh e a' còmhdach ceann shìos na bodhaig agus ceann shuas nan casan.	A Hindu garment worn by males. It is made of natural fibre (usually cotton or silk) and covers the lower body and upper legs.
dìth beathachaidh	malnutrition
A bhith gun bhiadh gu leòr no gun biadh ceart airson a bhith fallain.	Not having enough food or enough of the right food to stay healthy.

dleastanas	duty
Rudeigin a bu chòir do neach a dhèanamh.	Something that a person should do.
Dùthchannan Aonaichte	United Nations
Buidheann eadar-nàiseanta de dhùthchannan stèidhichte gus sìth agus tèarainteachd a bhrosnachadh.	An international organisation of countries set up to promote peace and security.
fàidh	prophet
Duine air a thaghadh le Dia airson toil Dhè innse do dhaoine air an t-saoghal.	A person chosen by God to communicate God's will to people on Earth.
gairm beatha	vocation
Gairm. Nuair a tha gairm aig neach mu obair, tha iad a' faireachdainn gur e sin an obair as coir dhaibh a dhèanamh; tha e gu h-àraidh freagarrach dhaibh.	Calling. When a person has a sense of vocation about their work, they feel that the work is what they are meant to be doing; it is particularly suitable for them.
Gàrradh Eden	Garden of Eden
Ann an leabhar Ghenesis, an gàrradh san robh Adhamh agus Eubha a' fuireach nuair a chruthaich Dia iad.	In the book of Genesis, the garden where Adam and Eve lived when God first created them.
gas taigh-glainne	greenhouse gas
Gas, mar carbon dà-ogsaid, a chuireas ri buaidh an taigh-ghlainne.	A gas, such as carbon dioxide, that contributes to the greenhouse effect.
gasaichean taigh-glainne	greenhouse gases
Gasaichean, mar carbon dà-ogsaid, a chuireas ri buaidh an taigh-ghlainne. Bidh iad a' glacadh teas bhon ghrèin, agus a' toirt air an Talamh blàthachadh.	Gases, such as carbon dioxide, that contribute to the greenhouse effect. They trap heat from the Sun, causing the Earth to warm up.
Genesis	Genesis
'S e an leabhar seo a' chiad phàirt dhen Torah aig na h-Iùdhaich, agus a' chiad leabhar san t-Seann Tiomnadh aig Crìosdaidhean.	A book that is the first part of the Torah for Jews, and the first book of the Old Testament for Christians.

Hashem	Hashem
Aon dòigh anns am bi Iùdhaich a' bruidhinn air Dia. Seo am facal Eabhrais airson 'an t-Ainm'. Bidh Iùdhaich a' cleachdadh fhaclan mar seo airson bruidhinn mu Dhia, air sgàth àithne nach leig leotha ainm Dhè a chleachdadh.	One of the ways in which Jews refer to God. It is the Hebrew word for 'the Name'. Jews use words like this to talk about God, because one commandment forbids them to use the name of God.
Imam	Imam
Ann an Islam, fear a bhios os cionn nan ùrnaighean ann am mosc.	In Islam, a man who leads the prayers in a mosque.
iomairt	campaign
Sreath de thachartasan a tha a' feuchainn ri nì sònraichte a choileanadh, mar rudeigin a reic no a' cuideachadh le partaidh poilitigeach a thaghadh.	A series of activities to try to achieve a particular thing, such as selling a product or getting a political party elected.
khalifahs	khalifahs
Ann an Arabais, 's e Khalifah neach a choimheadas às dèidh rudeigin dhan neach as leis e.	In Arabic, a khalifah is someone who looks after something on behalf of the owner.
kippah	kippah
Còmhach cinn a bhios air fir Iùdhach, agus cuid de bhoireannaich, nuair a bhios iad ri ùrnaigh agus a' sgrùdadh an Torah, agus msaa. Bidh e air cuid fad na h-ùine. Uaireannan canar yamulkah no capel ris.	A head-covering worn by Jewish men and some women during prayers and Torah study, etc. Some people wear it all the time. It is sometimes called a yamulkah or capel.
lannsair	surgeon
Dotair a nì opairèisean	A doctor who carries out operations
laoidh	hymn
Dàn cràbhach a' moladh Dhè.	A religious song praising God.

luchd-leantainn	devotees
Daoine a tha a' cur romhpa rudeigin a leantainn. Canar luchd-leantainn ri Hindùthaich a chuir romhpa diathan air choireigin a leantainn.	People who commit themselves to something. Hindus who commit themselves to worshipping their chosen deity are described as devotees of that deity.
luibh-eòlaiche	botanist
Neach-saidheans a bhios a' sgrùdadh lusan.	A scientist who studies plants.
Make Poverty History	Make Poverty History
Iomairt mhòr, a thòisich ann an 2005, gus cuideachadh crìoch a chur air fulang nan daoine bochda air feadh an t-saoghail.	A big campaign, started in 2005, to help end the suffering of poor people around the world.
Makkah	Makkah
Am baile san do rugadh am Fàidh Muhammad, agus far a bheil Ka'bah.	The city where the Prophet Muhammad was born, and where the Ka'bah is located.
malairt chothromach	fair trade
Siostam malairt sa bheil gnothachasan san t-saoghal leasaichte a' pàigheadh prìs chothromach airson bathar a nì iad do dhaoine ann an dùthchannan fo leasachadh – mar eisimpleir, pònair cofaidh.	A system of trade in which businesses in the developed world pay a fair price to people in developing countries for the goods – for example, coffee beans – that they produce.
Messiah	Messiah
Sa chreideamh Iùdhach, 's e am Messiah an ceannard a tha iad an dùil a chuireas Dia dhan t-saoghal airson daoine a theàrnadh. Ann an Crìosdaidheachd, thathar a' creidsinn gur e Crìosd am Messiah sin. 'S e Crìosd am facal Greugais airson Messiah.	In Jewish tradition, the Messiah is an expected leader that God will send to bring salvation to his people. In Christianity, Jesus is believed to be that Messiah. The Greek word for Messiah is Christ.

mezuzah	mezuzah
Làmh-sgrìobhainn beag ann an soitheach ceangailte ri ursainnean dachaighean nan Iùdhach. 'S e an Shema, earrann às an Torah le geàrr-chunntas de Iùdhachd, a tha sgrìobhte air.	A tiny scroll in a container attached to doorposts of Jewish homes. The writing on the scroll is the Shema, a section from the Torah that summarises Jewish belief.
Muhammad	Muhammad
Ann an Islam, ainm an Fhàidh dheireannaich.	In Islam, the name of the final Prophet.
oidhirp	endeavour
A' feuchainn ri rudeigin a dhèanamh, gu h-àraidh ann an dòigh dhùrachdach no dhaingeann.	To try to do something, especially in a serious or determined way.
pàipear-craicinn	parchment
Stuth air a dhèanamh bho sheice beathaich air am biodh daoine a' sgrìobhadh o chionn fhada.	A material made from animal skin, used long ago for writing on.
pannalan grèine	solar panels
Pannalan a chruinnicheas lùth bhon ghrèin. Bidh an lùth an uair sin ga chleachdadh airson dealan a dhèanamh no gus uisge a theasachadh, gun truailleadh a dhèanamh.	Panels that collect energy from the Sun. The energy is then used to make electricity or to heat water, without causing pollution.
pàrras	paradise
Facal eile airson nèamh, glè thric ga chleachdadh le Muslamaich. 'S e Jannah am facal Arabais.	Another word for heaven, often used by Muslims. The Arabic word is Jannah.
puinnsean phlàighean	pesticides
Stuthan a mharbhas biastagan a bhios ag ithe no a' milleadh bàrr.	Substances used to kill insects that eat or destroy plants and crops.

Qur'an	Qur'an
An teacsa naomh a chaidh a thaisbeanadh dhan Fhàidh Muhammad, agus tha Muslamaich a' creidsinn gur e seo taisbeanadh deireannach Allah do dhaoine. Tha am facal a' ciallachadh 'na th' air a leughadh no air aithris'.	The sacred text revealed to the Prophet Muhammad, which Muslims believe is Allah's final revelation to humankind. The word means 'that which is read or recited'.
rabbi	rabbi
Neach-teagaisg òrdaichte, Iùdhach agus glè thric ceannard creideimh ann an coimhearsnachd Iùdhach.	An ordained Jewish teacher and often the religious leader of a Jewish community.
Ramadan	Ramadan
An naoidheamh mìos sa mhìosachan Islamach nuair a bhios Muslamaich a' trasgadh gach latha eadar beul an latha agus beul na h-oidhche.	The ninth month of the Islamic calendar, during which Muslims fast each day from just before dawn until sunset.
rannsachail	investigative
A' feuchainn ri fìrinn cùise a lorg.	Trying to find out the truth about something.
Sàbaid	Sabbath
A' Bheurla airson an fhacail Eabhrais airson Shabbat. Do dh'Iùdhaich, sin an seachdamh latha dhen t-seachdain, latha fois agus ùrachaidh, a tha a' tòiseachadh oidhche Haoine agus a' crìochnachadh oidhche Shathairne. Bidh a' mhòr-chuid de Chrìosdaidhean a' comharrachadh a' chiad latha dhen t-seachdain (Didòmhnaich) mar Là na Sàbaid. Dhaibh-san tha e a' comharrachadh aiseirigh Chrìosda.	The English translation of the Hebrew word Shabbat. For Jews, it is the seventh day of the week, a day of rest and renewal, which begins on Friday evening and ends on Saturday evening. Most Christians celebrate the first day of the week (Sunday) as their 'Sabbath'. For them it is a celebration of the resurrection of Jesus.
sgaoileadh carbain	carbon emissions
Gasaichean a tha a' milleadh an èadhair, mar carbon dà-ogsaid.	Gases that pollute the air, such as carbon dioxide.

sgriobtaran	scriptures
Sgrìobhaidhean naomha creideimh a bheir brosnachadh agus stiùireadh do chreidmich.	The sacred writings of a religion, which give inspiration and guidance to believers.
Shabbat	Shabbat
Do dh'Iùdhaich, latha fois agus ùrachaidh, a tha a' tòiseachadh aig dol fodha na grèine Dihaoine agus a' crìochnachadh nuair a thig oidhche Shathairne. (Faic cuideachd 'Sàbaid'.)	The Jewish day of spiritual renewal and rest, beginning at sunset on Friday and ending at nightfall on Saturday. (See also 'Sabbath'.)
Shema	Shema
Ùrnaigh Iùdhach, air ainmeachadh air a' chiad fhacal ann an Eabhrais. Tha an ùrnaigh bhon Torah agus tha i a' cur an cèill creideamh ann an aon Dia. Tha i a' tòiseachadh, 'Èist, O Israeil: is aon an Tighearna'.	A Jewish prayer, named after its first word (in Hebrew). The prayer is from the Torah and states the main belief in one God. It begins, 'Hear, O Israel: the Lord is one.'
stiùbhard	steward
Neach a bheir an aire air rudeigin às leth an neach dham buin e.	A person who takes care of something on behalf of the owner.
stòrasan	resources
Stuthan no càiltean a th' agad agus as urrainn dhut a chleachdadh.	Substances or qualities that you have and are able to use.
suidheachaidhean	circumstances
Mar a tha cùisean.	The state of affairs.
Sukkot	Sukkot
Fèis Iùdhach a bhios ann as t-fhoghar. Bidh daoine a' cuimhneachadh nuair a thug Maois clann Israeil tron fhàsach. Tha an fhèis cuideachd mar àm taingealachd an fhoghair.	A Jewish festival celebrated in the autumn. People remember the time when Moses led the people of Israel through the desert. The festival is also a time of thanksgiving for the harvest.

taisbeanadh	revelation
Rudeigin air a dhèanamh aithnichte, a chleachd a bhith falaichte, agus a bheir barrachd tuigse.	Something made known that was previously hidden and which leads to greater understanding.
taisteal	pilgrimage
Turas spioradail a ghabhas neach gu àite naomh.	A spiritual journey that someone makes to a sacred place.
Tenakh	Tenakh
Am Bioball Iùdhach. Tha 24 leabhar ann agus tha e na thrì earrannan: Torah (lagh), Nevi'im (fàidhean), agus Ketuvim (sgrìobhaidhean).	The Jewish Bible. It has 24 books and is divided into three sections: Torah (law), Nevi'im (prophets), and Ketuvim (writings).
thoir mathanas	forgive
A' sgur de dh'fhaireachdainn feargach agus searbh mu dhuine agus a' dèiligeadh riutha mar nach do thachair an duilgheadas riamh.	To stop feeling anger and bitterness towards someone and treat them as if the problem had not happened.
Tikkun Olam	Tikkun Olam
Faclan Eabhrais a' cur an cèill beachd nan Iùdhach air cùram dhan t-saoghal agus dhan àrainneachd.	Hebrew words expressing the Jewish idea of care for the world and the environment.
tilak	tilak
Comharra air a dhèanamh air murti no air bathais neach-adhraidh Hindùthach. Tha e na chomharra gu bheil Dia air an taobh a-staigh.	A mark made on a murti or on the forehead of a Hindu worshipper. It is a symbol of the power of God within.
Torah	Torah
Còig Leabhraichean Mhaois, a' chiad phàirt dhen Bhìoball Iùdhach. 'S e Torah am facal Iùdhach airson lagh no teagasg.	The Five Books of Moses, which are the first part of the Jewish Bible. Torah is the Hebrew word for law or teachings.

traidisean	tradition
Cleachdadh a thàinig bho ghinealach gu ginealach.	A custom that has been passed down from one generation to the next.
Tu b'Shevat	Tu b'Shevat
Fèis chraobhan nan Iùdhach.	Jewish festival of trees.
ùrnaigh	pray
A' bruidhinn agus ag èisteachd ri Dia.	To speak and listen to God.
urrasairean	trustees
Daoine a choimheadas às dèidh rud dhan neach as leis e.	People who look after something on behalf of the owner.
zakah / zakat	zakah / zakat
Pàigheadh de cheudachd dhem beairteas a dh'fheumas Muslamaich a dhèanamh gach bliadhna, mar phàirt dhen adhradh aca. Bidh an t-airgead ga chleachdadh airson Muslamaich ann an èis a chuideachadh.	A payment of a percentage of their wealth that Muslims must make each year, as a part of their worship. The money is used to help Muslims in need.



© 2012

bbc.co.uk/foghlam